

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

An Long a Chaidh a dh'Ameireagaidh (1)

A special programme, in the form of a "letter", designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at fios@learngaelic.scot. This is Litir 1,194. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 890 corresponds to Litir 1,194.

Tha mi a' dol a dh'aithris sgeulachd thraidiseanta dhuibh. 'S e an t-ainm a th' oirre 'An Long a Chaidh a dh'Ameireagaidh'.

Sheòl an long seo a dh'Ameireagaidh le sluagh mòr innte. Bhuail an long ann an sgeirean faisg air a' chladach. Chaidh na daoine a chall gu lèir ach aon fhear agus a bhean. Fhuair iadsan gu tìr. Thog iad bothan le pìosan briste dhen t-soitheach.

Thàinig tòrr rudan air tìr bhon luing – biadh, fiodh, siùil, leabhraichean is mar sin air adhart. Bha an cupall an sin greis mus robh dad a dhìth orra.

Ach thàinig an t-àm nuair a bha iad airson falbh a-mach, feuch daoine eile a lorg. Dh'fhalbh am fear agus chaidh e tro choille mhòr. Chan fhac' e baile no duine. Ràinig e mullach beinne. Às a sin, chunnaic e bothan shìos fodha. Theàrnaich e chun a' bhothain. Cha robh sgeul air duine, agus chaidh e a-steach.

An sin, bha bòrd ann le tubhailt mhòr gheal air. Bha botal fìona air, agus lof arain. Bha an t-acras air an duine. Ghabh e balgam no dhà dhen fhìon, agus crioman às an lof.

Thàinig bodach liath a-steach. Thuirt e ris, 'Dè do naidheachd, a choigrich? Dè thug thu an rathad seo?'

Dh'inns am fear bhon luing-bhrìste mar a thachair. Bha e a' faireachdainn ciontach mu bhith ag ithe is ag òl aig bòrd an duine eile agus thug e a leisgeul. 'Ceart gu leòr,' ars am bodach. '**Gabh do leòir dheth.** A bheil thu pòsta?'

'Tha,' ars am fear eile.

'A bheil teaghlach agad?' dh'fhaighnich an seann duine.

'Chan eil,' fhreagair am fear eile.

'Uill,' thuirt am bodach, 'tha an latha air a dhol seachad. Chan eil ùine agad tilleadh a-nochd. Gheibh thu biadh is leabaidh an seo.'

An ath mhadainn, rinn am bodach bracaist don duine eile. 'Feumaidh tu falbh dhachaigh,' thuirt e. Nuair a bha am fear eile a' dèanamh deiseil airson falbh, thàinig am bodach thuige le tubhailt. 'Dè bheir thu dhomh ma bheir mise dhut an tubhailt seo?' thuirt e. 'Nuair a sgaoileas tu air bòrd i, nochdaidh botal fìona agus lof arain agus biadh a bharrachd.'

'Uill,' thuirt am fear eile, 'chan eil dad agam a bheir mi dhut.'

'Seadh,' fhreagair am bodach. 'Thoir dhomh, ma-thà, a' chiad duine no beathach a bheirear dhut.'

Mheòraich am fear eile air an t-suidheachadh. Cha robh e an dùil gum biodh clann aige a-chaidh. Agus cha robh sgeul air beathaichean far an robh e a' fuireach

ann am bothan air cùl a' chladaich. Dh'inns e don bhodach gun gabhadh e ri a chùmhnannt.

'Ma-thà,' ars am bodach, 'ge brìth de bhios ann a bheirear dhut, thig an seo leis seachd bliadhna on diugh.'

Dh'aontaich am fear eile ris a' chùmhnannt agus thill e dhachaigh. Bha a bhean anabarrach toilichte fhaicinn. Bha i air a bhith a' smaoineachadh gun robh an duine aice air a dhol a dhìth agus **nach tilleadh e tuilleadh**. Chan e sin a-mhàin ach chuir e an tubhailt a-mach. Nochd botal fiona, lof arain agus biadh eile. Nach bu mhìorbhaileach e! Ach cha robh fios aig a bhean mun chùmhnannt a rinn e leis a' bhodach.

* * * * *

Faclan na Litreach: siùil: *sails*; theàrnaich e: *he descended*; bodach liath: *a grey-haired old man*; pòsta: *married*; iomagain: *anxiety*; cùmhnannt: *contract, binding agreement*.

Abairtean na Litreach: An Long a Chaidh a dh'Ameireagaidh: *The Ship that Went to America*; le sluagh mòr innte: *with a large complement on board*; bhuaill an long ann an sgeirean: *the ship hit rocks*; chaidh na daoine a chall gu lèir ach: *everyone was lost except*; thàinig tòrr rudan air tìr bhon luing: *many things came ashore from the ship*; às a sin, chunnaic e bothan shìos fodha: *from there, he saw a hut down below him*; bha bòrd ann le tubhailt mhòr gheal air: *there was a table there with a large white tablecloth on it*; bha botal fiona air, agus lof arain: *there was a bottle of wine on it, and a loaf of bread*; balgam no dhà dhen fhìon, agus crioman às an lof: *a gulp or two of the wine, and a bite from the loaf*; dè do naidheachd, a choigrich?: *what's your news, stranger?* dè thug thu an rathad seo?: *what brought you this way?*; dh'inns am fear bhon luing-bhrìste mar a thachair: *the man from the shipwreck told him what had happened*; bha e a' faireachdainn ciontach mu bhith ag ithe is ag òl: *he was feeling guilty about eating and drinking*; thug e a leisgeul: *he apologised*; chan eil ùine agad tilleadh: *you've no time to return*; gheibh thu biadh is leabaidh: *you'll get food and a bed*; dè bheir thu dhomh ma bheir mise dhut an tubhailt seo?: *what will you give me if I give you this tablecloth?*; nuair a sgaoileas tu air bòrd i: *when you spread it on a table*; chan eil dad agam a bheir mi dhut: *I have nothing to give you*; a' chiad duine no beathach a bheirear dhut: *the first person or animal that is born to you*; gum biodh clann aige a-chaoidh: *that he would ever have children*; nach bu mhìorbhaileach e: *wasn't it marvellous*.

Puing-chànain na Litreach: **nach tilleadh e tuilleadh:** *that he would never return again*. Sometimes, if you look up 'never' in a Gaelic dictionary, you won't find tuilleadh. The word is generally translated 'any more' or 'again'. But it can be used in a phrase like this to mean 'never again'. If you want to emphasise or strengthen the 'never' aspect of the phrase, use a-chaoidh. Nach tilleadh e a-chaoidh tuilleadh 'that he would never ever return'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: **Gabh do leòir dheth:** *take your fill of it*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA